

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh-Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diciadain 2 Màrt 2022 aig 10.30m.

An làthair:

Mgr G Adam	Mgr D MacAoidh
Mgr R Bremner (Co-labhairt Bhidio)	Mgr G MacCoinnich
A' Bh-uas I Chaimbeul	Mgr C Rothach
A' Bh-uas S Chaimbeul	A' Bh-uas M NicPheadrais
Mgr A MacEanraig (Co-labhairt Bhidio)	Mgr D Rixson

A' frithealadh na coinneimh:

A' Bh-uas K Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
Mgr I Jackson, Oifigear Foghlaim (Co-labhairt Bhidio)
A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas S NicIllinnein, Prìomh Rianaire (Co-labhairt Bhidio)
Mgr A MacAonghais, Neach-cuideachaidh Rianachd

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:-

A' Bh-uas J Dunlop, Stiùiriche, Seachdain na Gàidhlig (Co-labhairt Bhidio)
Mgr G MacPhàrlain, Rianaire, Seachdain na Gàidhlig (Co-labhairt Bhidio)
Mgr S Greumach, Àrd-Oifigear, An Comunn Gàidhealach
Mgr A Barnett, Neach-gairm a' Mhòid agus Stiùiriche, An Comunn Gàidhealach

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr C Rothach anns a' Chathair

Gnothach

1. Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth Mhgr A MhicAonghais, na M-uas E Roddick agus Mhgr A Mhic na Ceàrdaich.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na leanas:-

Cuspair 5 – Mgr A MacEanraig (Foillseachadh Com-pàirt)
Mgr R Bremner – (Aithris Fhollaiseachd) a thaobh cuspair sam bith, air sàillibh a' cheangail aige le grunn bhuidhnean Gàidhlig, ach às dèidh dha na h-aithisgean a

leughadh is breithneachadh air an t-susbaint, cha robh e a' creidsinn gun robh na ceanglaichean seo a' tighinn gu bhith nam Foillseachadh Com-pàirt.

3. Naidheachdan Matha

Dh'innis an Cathraiche na naidheachdan matha a leanas:-

- Thathar an-dràsta a' sanasachd dà dhreuchd Ghàidhlig taobh a-staigh na Comhairle: Oifigear Com-pàirteachaidh Òigridh na Gàidhlig agus Ceumnaiche Inntearnach (Gàidhlig agus Meadhanan Sòisealta).
- Bha sgioba pròiseict Caisteal Inbhir Nis agus *Sporad na Gàidhealtachd is nan Eilean* air a' Ghàidhlig a chur an gnìomh ann an diofar phròiseactan. Bha am pròiseact air maoinachadh fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gus dà dhreuchd Chomhairleach Gàidhlig a chruthachadh ann an sgioba a' phròiseict agus gus stiùireadh a thoirt seachad mu bhith a' toirt cànan is cultar na Gàidhlig an lùib a' phròiseict, gu h-àraid ann a bhith a' dealbhadh an ionaid luchd-tadhail ùir ann an Caisteal Inbhir Nis.
- Bha tabhartas ionmhasail na Comhairle air cothrom a thoirt do dh'Fhèisean nan Gàidheal maoinachadh a bharrachd fhaighinn bho Alba Chruthachail, Bòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean airson Fèis Blas a ruith. Bha fèis na bliadhna sa air a bhith a' gabhail a-steach obair chom-pàirteach le Tobar an Dualchais, VisitScotland, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, Fèis nan Tallachan Beaga aig SEALL agus Disathairne Fèill an Naoimh Anndra.
- De na 91 tagraidhean a chaidh a chur a-steach gu FilmG na bliadhna sa, bha 49 bho sgoiltean na Gàidhealtachd. Dh'innis an Cathraiche dhan Chomataidh mu luchd-buannachaidh na Gàidhealtachd agus na h-earrannan san robh iad.
- Bha Pròiseact Slighe na Gàidhealtachd an Iar, agus Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean, air fios a chur gu Sgioba na Gàidhlig airson taic is comhairle a shireadh mu bhith a' gabhail na Gàidhlig a-steach sa phròiseact aca *Gaelic People, Place and Passion* a bhiodh na phàirt de Bhliadhna Sgeulachdan na h-Alba. B' e an t-amas a' Ghàidhlig a thoirt gu luchd-amhairc na b' fharsainghe is an cànan a chomharrachadh thar Slighe na Gàidhealtachd an Iar, gu h-àraid seach gun robh pàirt dhen t-slighe taobh a-staigh sgìre na Gàidhealtachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha.

4. Seachdain na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/1/22 le ceann-latha 16 Gearran 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas. Thug a' Bh-uas Joy Dunlop, Stiùiriche, agus Mgr Grant MacPhàrlain, Rianaire Seachdain na Gàidhlig seachad taisbeanadh mun chiad Seachdain na Gàidhlig a bha gu bhith air a cumail eadar 21-27 Màrt 2022.

'S e adhbhar Seachdain na Gàidhlig cànan is cultar na Gàidhlig a chomharrachadh. Tha i ag amas air togail is cleachdadh na Gàidhlig agus àireamh luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a mheudachadh, agus deagh iomhaigh a bhrosnachadh a thaobh na Gàidhlig. Bhathar air prògram oifigeil thachartasan, an dà chuid gu pearsanta is air-loidhne, a chur air dòigh ann an co-bhann le com-pàirtichean. Bha tachartasan gu bhith a' gabhail àite ann an coimhearsnachdan ionadail agus, airson seo a chuideachadh, bha pasgan ghoireasan ri fhaotainn. Bha pasgan ghoireasan air ullachadh cuideachd airson sgoiltean, an dà chuid sa Ghàidhlig is sa Bheurla. Bhathar

an dòchas gum b' urrainnear raon farsaing a stèidheachadh airson a' phrògram gus am biodh rudeigin ann dhan a h-uile duine. Bha a' Ghàidhlig cudromach agus bha buaidh chudromach aice air an eaconamaidh agus, a' coimhead air adhart gu Seachdain na Gàidhlig, bha e cudromach na bha a' gabhail àite a thoirt am follais.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- am measg nan tachartasan a bha Sgioba na Gàidhlig a' cur air dòigh, bhathar an dùil 'abairt/ainm-àite an latha' a chur suas air na meadhanan sòisealta agus chaidh fàilte a chur air a seo. Bhiodh seo math airson aire a ghlacadh agus bhiodh e na dheagh dhòigh air ceangal a thogail le luchd-tadhail chun na sgìre;
- tron phaindeamaig, cha robh na h-uimhir de chothrom air a bhith aig luchd-labhairt na Gàidhlig ceangal a thogail le chèile agus bhiodh cothroman ùra an cois Seachdain na Gàidhlig airson tighinn còmhla a-rithist;
- chaidh tuilleadh fiosrachaidh iarraidh mun tachartas 'Tì & Aran-milis sa Ghàrradh, Port Rìgh' agus co-dhiù a bu chòir àiteachan a ghleidheadh ro làimh; agus
- bhiodh tuilleadh fiosrachaidh mun chlàr-ama feumail.

Thug an Cathraiche taing dhan Bh-uas Dunlop agus do Mhgr MacPhàrlain, agus às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do dh'iomairt Seachdain na Gàidhlig; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh na tachartasan a tha Comhairle na Gàidhealtachd an dùil a chumail airson cur ri iomairt Seachdain na Gàidhlig.

5. Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021

Foillseachadh Com-pàirt: Dh'fhoillsich Mgr A MacEanraig com-pàirt seach gun robh cìsean luchd-ealain air an liostadh is buill teaghlaich air pàigheadh fhaighinn agus, a rèir paragraf 5.6 dhen Chòd Ghiùlain ath-sgrùdaichte, dh'fhàg e a' choinneamh.

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/2/22 le ceann-latha 23 Gearran 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghniomhach – Coileanadh agus Rìaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- chaidh meal-an-naidheachd a chur air a h-uile neach a ghabh com-pàirt ann a bhith a' cur Mòd Nàiseanta Rìoghail soirbheachail air dòigh ann an suidheachadh dùbhlanach. Bha am Mòd air còrdadh glan ris na bha an làthair agus bha e na thlachd mòr gum b' urrainnear a dhol air adhart leis a' cho-chruinneachadh shònraichte seo;
- bha an taobh air-loidhne dhen Mhòd air còrdadh ri daoine de gach aois;
- bha buannachd eaconamach mhath air a bhith aig a' Mhòd airson Inbhir Nis aig àm anabarrach;
- chaidh dòigh-obrach chruthachail a ghabhail os-làimh nuair a b' fheudar coimhead airson aitreabhan eadar-dhealaichte agus bha seo airidh air moladh; agus
- bha Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 air a dhol air adhart ann an dòigh gu math eadar-dhealaichte an coimeas ris na bha àbhaisteach. Bha Sgioba Gàidhlig na Comhairle fhèin airidh air moladh airson na taic a bha iad air a thoirt seachad. Bha Mòd na bliadhna sa gu bhith ann am Peairt agus bha e cudromach gun robhar a' dol air adhart le leasan a chaidh ionnsachadh bho 2021 gus am b'

urrainnear cumail a' dol leis a' mhodail mheasgaichte a bha a' toirt cothrom do chom-pàirtichean pàirt a ghabhail air astar.

Thug riochdairean a' Chomuinn a bha an làthair iomradh air a' chuspair roimhe agus dh'innis iad do Bhuill gun robh iadsan cuideachd a' gabhail pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig. A' tionndadh chun a' Mhòid, chaidh innse nach b' e dìreach aithris eaconamach a bh' anns an aithisg a bha fa chomhair na Comataidh an-diugh, ach cuideachd measadh tachartais. Bha am modail measgaichte air cothrom a thoirt do chom-pàirtichean is do dhaoine eile pàirt a ghabhail sa Mhòd bho dhiofar àiteachan air feadh an t-saoghail agus bhathar a' cur fàilte air a seo is ga bhrosnachadh. Chaidh na dùbhlain aithneachadh ach bhathar gu mòr an comain Chomhairle na Gàidhealtachd, an dà chuid a thaobh taic ionmhasail is taic stuthail.

Às dèidh dhan Chathraiche gach deagh dhùrachd a ghuidhe dhan Chomunn is iad ag ullachadh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2022 ann am Peairt, **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. do thoraidhean Aithisg Mheasaidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail; agus
- ii. do dh'aithisg Innes & Campbell Communications.

6. Adhartas mu Choinneamh Plana na Gàidhlig 3

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/3/22 le ceann-latha 16 Gearran 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè an deasbaid, thog na Buill na puingeann a leanas:-

- a thaobh a' Ghàrraidh Ghàidhlig aig pròiseact ath-leasachaidh Caisteal Inbhir Nis, bha ceanglaichean aig a seo le amasan Buidheann Obrach Atharrachadh Gnàth-shìde na Comhairle agus chaidh iomradh a thoirt cuideachd air sgrìobhaidhean eachdraidheil mu chleachdadh lusan is luibhean ann an leigheas. Bha ùidh mhòr an lùib seo, agus iomadh cothrom;
- b' e aon de na coimiseanan a chaidh a chur a-steach gu Spiorad: 360 (prògram coimiseanachaidh luchd-ealain airson pìosan àraid a leasachadh stèidhichte air sgeulachdan a bhathar air a chur a-steach gu *Spiorad na Gàidhealtachd is nan Eilean*), pìos ciùil traidiseanta Albannach a sgrìobhadh is a chlàradh, air a bhrosnachadh le gobhair fhiadhaich. Chaidh iomradh a thoirt air bàrdachd a chaidh a sgrìobhadh le eilthireach a Chanada leis an ainm 'Of Goats and Men', agus sin làn ainmean-àite a' buntainn ri Alba, dùthaich an sgrìobhadair. Bha gobhair air a bhith cudromach san eaconamaidh againn sna meadhan-aoisean is fionnadh ghobhar à Rùm ga chur a-null a dh'Ameireaga airson ghruagan-brèige;
- bha e cudromach a bhith mothachail mun Chunntas-shluaigh Nàiseanta a bha gu bhith ann a dh'aithghearr. Air sgàth suidheachadh na Gàidhealtachd a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig, luchd-labhairt Gàidhlig is eile, bha e riatanach dèanamh cinnteach gun robh toraidhean a' chunntais-shluaigh a' cruthachadh deagh bhuil a thaobh maoinachadh. Bha coiteachadh air gabhail àite le Riaghaltas na h-Alba mun dòigh a b' fheàrr gus ceistean a' chunntais-shluaigh a chumadh ach cha robh atharrachadh sam bith air a bhith ann a thaobh mar a dheigheadh am fiosrachadh seo a chruinneachadh gus dèanamh cinnteach gun robh deagh thoradh ann. Chaidh ceist a thogail a thaobh ciamar a dh'fhaodadh a' Chomhairle fianais a thoirt seachad ann an dòigh na b' fheàrr; agus

- dh'innis an cathraiche do Bhuill gun robh Bòrd na Gàidhlig air a bhith ag obair le Riaghaltas na h-Alba air dòighean gus fianais a thoirt seachad a thaobh soirbheas.

THUG a' Chomataidh FA-NEAR:-

- i. dhan adhartas a chaidh a dhèanamh ann a bhith a' sgrùdadh is a' buileachadh Plana na Gàidhlig 3 air stèidh ràitheil, le bhith a' cleachdadh PRMS airson taic a thoirt do libhrigeadh PnG3;
- ii. dhan adhartas is dha na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' buileachadh cuid de ghnìomhan comasachaidh a' Phlana; agus
- iii. gu bheil na dùbhlain gu mòr air sàillibh Covid-19, a tha air buaidh a thoirt air cuid dhen bhuileachadh phròiseict is cuid de na cinn-latha crìochnachaidh ris an robh dùil. Ach a dh'aindeoin seo, tha Sgioba na Gàidhlig a' leantainn air adhart le obair air-loidhne no measgaichte airson na gnìomhan comasachaidh a libhrigeadh.

7. Ùrachadh Plana na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/4/22 le ceann-latha 16 Gearran 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Ann a bhith a' toirt a-steach na h-aithisg is a' toirt iomradh air a' chuspair roimhe, dh'innis oifigearan gun robhar an dùil, mar phàirt de dh'ùrachadh Plana na Gàidhlig, suirbhidh a chur a-mach, às dèidh taghaidhean na Comhairle, airson bun-loidhne a thoirt seachad airson na Gàidhealtachd agus bheireadh seo cothrom dhan Chomhairle a' bhuidhe a bhiodh aig an ath dheasachadh de PnG a thomhas.

Mheòraich Buill air an adhartas a bhathar air a choileanadh bho chiad Phlana Gàidhlig na Comhairle ann an 2008, a' chiad fhear ann an Alba, gu ruige an suidheachadh ann an 2022. Bha e cudromach meòrachadh air an adhartas a bhathar air a dhèanamh agus fianais a thogail air a sin ann am PnG4. Ma bha a' Chomhairle a' toirt seachad chothroman a thaobh foghlam is luchd-ionnsachaidh, dh'fheumadh fianais a bhith ann a thaobh seo agus dè cho adhartach is seasmhach 's a bha e. Bha Comhairle na Gàidhealtachd air obrachadh gu dìcheallach airson faighinn chun na h-ìre seo ann a bhith a' cur na Gàidhlig air adhart agus bha e riatanach a h-uile càil a dhèanamh airson taic a chur ris.

Bha dùbhlain fhathast an lùib a bhith a' dol air adhart bho Fhoghlam tron Ghàidhlig sa bhun-sgoil gu Foghlam tron Ghàidhlig san àrd-sgoil ach, tro bhith ag obair le com-pàirtichean, bha cothroman ann air am bu chòir greimeachadh airson buannachd a thoirt do sgoilearan ann am buidheann-aoise 12-18.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG a' Chomataidh FA-NEAR** dhan phròiseas airson a bhith ag ùrachadh Plana na Gàidhlig;
- ii. **THUG a' Chomataidh FA-NEAR** do na buaidhean is na dùbhlain dealbhaidh a thaobh a' phròiseis ùrachaidh;
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gu bheil planaichean Gàidhlig àraidh do gach ùghdarras poblach agus gum bu chòir do dheasachaidhean às dèidh làimhe a bhith a' sealltainn adhartas mean air mhean a thaobh a bhith a' libhrigeadh amasan na seirbheis corporra thar ùine; agus

- iv. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun dèanadh Comataidh na Gàidhlig ath-sgrùdadh air na ceumannan a bha stèidhichte mar-thà, no na ceumannan a bu chòir a stèidheachadh, airson sgrùdadh èifeachdach a dhèanamh air a' mheudachadh sheasmhach is adhartach ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, agus mar a bha iad a' sìor chleachdadh na Gàidhlig agus na cothroman a bha ann dhaibh.

8. A' Toirt Taic dhan Ghàidhlig is Fàs air a' Ghàidhlig sna Coimhearsnachdan Againn – Bùth-obrach

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/5/22 le ceann-latha 16 Gearran 2022 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas.

Bhathar an dùil a' bhùth-obrach a chumail sa Ghiblean 2022 ach chaidh ceist a thogail, ri linn taghaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd sa Chèitean 2022, co-dhiù is e seo an t-àm as fheàrr airson bùth-obrach, seach gum faodadh cuid de Chomhairlichean fàgail is gum faodadh nach biodh cuid eile air an taghadh a-rithist. Ach, bha Buill eile dhen bheachd gun robh eòlas susbainteach taobh a-staigh na Comhairle làithrich a dh'fhaodadh cuideachadh le fiosrachadh is obair-leasachaidh PnG4. Às dèidh nan taghaidhean, bhiodh cùisean eile ann ris am biodhte a' dèiligeadh agus bhiodh e na b' fheàrr am pròiseas a thòiseachadh cho luath 's a ghabhadh an àite dàil eile a chur ann.

Bha ùidh mhòr sa Ghàidhlig aig an àm seo agus bha e cudromach gluasad air adhart le sunnd. Bu chòir luchd-obrach is buill a bhrosnachadh gus com-pàirt a ghabhail is beachdachadh air na cùisean a thathar a' togail aig a' bhùth-obrach, agus airson brosnachadh a thoirt seachad a' Ghàidhlig a thoirt an lùib choinneamhan na Comhairle ann an dòigh na b' fheàrr. Bha sgoilearan Àrd-Sgoil Phort Rìgh gu bhith an lùib na bùth-obrach agus b' e deagh naidheachd a bha seo. Bha e cudromach coimhead ris na dòighean a b' fheàrr gus sgoiltean is sgoilearan a chom-pàirteachadh ann an obair-leasachaidh a' Phlana.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do dhreachd na bùth-obrach; agus
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh na toraidhean a thathar a' moladh.

Aig co-dhùnadh a' ghnòthachais fhoirmeil, mheòraich an Cathraiche air na 18 mìosan mu dheireadh de Chomataidh na Gàidhlig agus thug e taing do Bhuill airson an cuid fìrinnteachd ann a bhith a' toirt seachad am beachdan tron àm seo. Thug e taing do Sgioba na Gàidhlig airson na h-obrach a rinneadh tro àm dhùbhlanach agus do na Seirbheisean Deamocratach airson an taic is an comhairle.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.40f.